

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

## le Ruairidh MacIlleathain

### Naomh Fìonan

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [fios@learngaelic.scot](mailto:fios@learngaelic.scot). This is Litir 1,179. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 875 corresponds to Litir 1,179.*

Nuair a bha mi a’ dèanamh rannsachadh airson leabhar a sgrìobh mi mu Ainmean-àite sgìre Inbhir Nis, nochd ainm pears-eaglais dà thuras. B’ esan Naomh Fìonan. Seo an t-àm dhen bhliadhna **nuair a bhite ga chomharrachadh**. Tha a latha-fèille air an t-seachdamh latha deug dhen Ghearran.

O chionn ghoirid, thug mi cunntas dhuibh air naomh eile – Drostan. Thug sinn sùil air na tha sgrìobhte ann an Leabhar Ùrnaighean Obar Dheathain mu dheidhinn. Anns an Litir seo, tha mi airson innse dhuibh mu Naomh Fìonan, a rèir an dearbh leabhair.

’S e Gàidheal a bh’ ann, à Èirinn. Bha e cho naomh na òige ’s gun robh a cho-aoisean dhen bheachd gum biodh e na easbaig **uair no uaireigin**. Bha iad ceart. Ghabh e dreuchd Easbaig Lindisfarne anns a’ bhliadhna sia ceud, caogad ’s a h-aon (651).

Chan eil e soilleir an robh Fìonan ann an Eilean Ì. Ach bha ceanglaichean ann eadar eilean naomh Ì agus eilean naomh Lindisfarne. Chaidh Aodhan, no Aidan, à Ì gu ruige Lindisfarne. ’S e Gàidheal a bh’ ann an Aodhan. Math dh’fhaodte gun deach Fìonan ann mar mhanach òg mun aon àm. Chaidh Aodhan a dhèanamh na Easbaig ann sa bhliadhna sia ceud, trithead ’s a còig (635).

Tha Leabhar Ùrnaighean Obar Dheathain ag innse dhuinn gun tàinig beatha Aodhain gu ceann an dèidh dha a bhith na easbaig ann an Lindisfarne fad seachd bliadhna deug. Tha daoine dhen bheachd gun do rinn Aodhan barrachd na duine sam bith eile airson Crìosdachd a stèidheachadh ann an Northumbria.

Nuair a chaochail Aodhan, chaidh Fìonan a thaghadh mar Easbaig Lindisfarne le coitheanal anns an robh fir is boireannaich agus pearsaichean-eaglais. Bha e gu bhith anns an dreuchd sin airson deich bliadhna. Dh’obraich Fìonan am measg nan Sasannach, agus bhaistich e Peada, Rìgh nan Anglach Meadhanach.

Chaochail e air an t-seachdamh latha deug dhen Ghearran, sia ceud, seasgad ’s a h-aon (661). ’S e sin as coireach gur e a latha-fèille an seachdamh latha deug dhen Ghearran.

Dè bh’ air tachairt nam biodh Fìonan air a bhith beò beagan bhliadhnaichean a bharrachd? Chan eil fhios a’ m, ach ann an sia ceud, seasgad ’s a ceithir (664) thàinig eas-aonta anns an Eaglais gu ceann. Bha na Sasannaich a’ tionndadh gu dòigh ùr Ròmanach airson ceann-latha na Càisge obrachadh a-mach.

Bha na Gàidheil, Fìonan nam measg, a’ leantainn leis an t-seann dòigh. Ann an Seanadh Whitby, ann an sgìre-easbaig Northumbria, dh’aontaich na pearsaichean-

eaglais Sasannach dhol leis an t-siostam ùr. Bha sin air a bhith piantail do dh'Fhìonan.

Ach tha Fhìonan a' nochdadh an siud 's an seo ann an ainmean-àite na h-Alba. Tha Eilean Fhìonain ann an Loch Seile. Ann an Siorrachd Obar Dheathain, tha Lumphanan. Tha beachd ann gur e sin *Lann Fhìonain*, no *Lann Fionain*. Tha *Cill Fhìonain* aig ceann Loch Lòchaidh agus cuideachd ann an ceann a deas Earra-Ghàidheal.

Timcheall Loch Nis, tha *Cill Fhìonain* eile faisg air Obar Itheachan. Agus ann an Srath Narann, thathar ag ràdh gun robh Naomh Fìonan a' searmonachadh uaireigin ann an Dùn Fhlichididh. Bha ìomhaigh dheth ann ach chaidh a sgrios an dèidh an Ath Leasachaidh, cha mhòr mìle bliadhna an dèidh bàs an naoimh.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** pears-eaglais: *church person, cleric*; Naomh Fìonan: *Saint Finan*; latha-fèille: *feast-day*; Leabhar Ùrnaighean Obar Dheathain: *The Aberdeen Breviary*; manach: *monk*; Obar Itheachan: *Abriachan*; Srath Narann: *Strathnairn*.

**Abairtean na Litreach:** bha e cho naomh na òige 's gun robh a cho-aoisean dhen bheachd: *he was so holy in his youth that his contemporaries thought*; bha ceanglaichean ann eadar eilean naomh Ì agus eilean naomh Lindisfarne: *there were [religious] links between the holy island of Iona and the holy island of Lindisfarne*; barrachd na duine sam bith eile airson Crìosdachd a stèidheachadh ann an Northumbria: *more than any other person to establish Christianity in Northumbria*; chaidh Fìonan a thaghadh mar Easbaig Lindisfarne le coitheanal anns an robh fir is boireannaich agus pearsaichean-eaglais: *Finan was chosen as the Bishop of Lindisfarne by a congregation in which there were men, women and church officials*; dh'obraich Fìonan am measg nan Sasannach, agus bhaistich e Peada, Rìgh nan Anglach Meadhanach: *Finan worked among the English, and he baptised Peada, the King of the Middle Angles*; an t-seachdamh latha deug dhen Ghearran: *17<sup>th</sup> February*; 's e sin as coireach: *that's the reason*; dè bh' air tachairt nam biodh Fìonan air a bhith beò beagan bhliadhnaichean a bharrachd?: *what would have happened had Finan lived for a few more years?*; thàinig eas-aonta anns an Eaglais gu ceann: *a disagreement in the Church came to a head*; dòigh ùr Ròmanach airson ceann-latha na Càisge obrachadh a-mach: *a new Roman way of calculating the date of Easter*; Seanadh Whitby, ann an sgìre-easbaig Northumbria: *the Synod of Whitby, in the bishopric of Northumbria*; thathar ag ràdh gun robh Naomh Fìonan a' searmonachadh uaireigin ann an Dùn Fhlichididh: *it's said that he was at one time preaching in Dunlichity*; bha ìomhaigh dheth ann ach chaidh a sgrios an dèidh an Ath Leasachaidh: *there was an image of him there but it was destroyed following the Reformation*.

**Puing-chànain na Litreach:** Seo an t-àm dhen bhliadhna nuair a bhite ga chomharrachadh: *This is the time of [the] year when it would be commemorated*. Bhite is the conditional/past habitual passive form of the verb *bi* 'to be'. It is useful when you are talking about something that happened habitually in the past over a considerable period of time.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** gum biodh e na easbaig uair no uaireigin: *that he would be a bishop [at] some time or another*.

*Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA*